





1 Cearcall Brodgar

Tha Cridhe Linn Ùr na Cloiche ann an Arcaibh air cruth-tìre bho Linn Ùr na Cloiche cho beartach 's a tha ri fhaighinn air taobh a deas na Roinn Eòrpa. Tha a charraighean dachaigheil agus deas-ghnàthach a' foillseachadh sàr obair dealbhachaidh agus togail, a' toirt dhuinn seallaidhean air leth air comann-sòisealta, sgìlean agus creideamhan spioradail nan daoine a thog iad.




6 Tha Drochaid Foirthe

Tha Drochaid Foirthe na samhla air an ìre as àirde a ràinig luchd-togail dhrochaidean san naoidheamh linn deug. 'S i an drochaid "cantilever trussed" as motha san t-saoghal. Nuair a chaidh a fosgladh ann an 1890 bha an sìneadh drochaide a b' fhaide san t-saoghal innte. B' i cuideachd a' chiad structar cudromach a thogadh le stàilinn màlda. An-diugh tha i na samhla cumhachdach de dhualchas




2 Sràid a' Bhaile © NTS

'S e buidheann de dh'eileanan iomallach is stacan mara, 100 mìle bho oirthir an iar Alba, a th' ann an Hiorst. Tha iad nan dachaigh don choloinidh as motha de dh'èoin-mara san Roinn Eòrpa agus do chaoraich, luchan agus dreathain-donn nach fhaighear an àite sam bith eile. Tha cuimhneachain drùidhteach ann air mu 5000 bliadhna de dh'eachdraidh is cultur nan daoine a bha a' fuireach ann gus an do dh'fhàg iad ann an 1930



3 Caisteal Garbh, ©Còraichean a' Chrùin: RCAHMS

Bha Balla Antonine a' comharrachadh na crìche a b'fhaide a tuath a bh'aig Ìmpireachd na Ròimh bho chionn faisg air 2000 bliadhna. B' e cuideachd a' chrìoch a b' ioma-fhillte. A' ruith thairis air meadhan na h-Alba, chaidh a thogail le saighdearan Ròmanach dhan Ìmpire Antoninus Pius timcheall air AD 142. Tha an saothair air a chuimhneachadh le cruinneachadh de chlachan-mìle a tha gun choimeas.



4 Lannraig Nuadh ©Urras Lannraig Nuadh

'S e baile muilnean cotain bhon 18mh linn, air a dhèanamh suas as ùr, a th'ann an Lannraig Nuadh. Tha e suidhichte ann am mòr-ghil chumhang air Abhainn Chluaidh. Ainmeil airson cho adhartach 's a bha an dòigh-stiùiridh aig an tùsaire sòisealta, Raibeart Owen, b' i a' mhuileann cotain a bu mhotha a bha ann an Alba agus aon de na buidhnean gnìomhachais bu mhotha san t-saoghal

Na h-Eileanan an Iar

Steòrnabhagh

HIORST 2

ARCAIBH

SEALTAINN

Kirkwall

Inbhir Nis

Obar Dheathain

Peairt

DROCHaid FOIRTHE

Glaschu

Dùn Èideann

Tha Làraichean Dhualchas na Cruinne air an aithneachadh le UNESCO (Buidheann nan Dùthchannan Aonaichte airson Foghlam, Saidheans agus Cultair) mar àiteachan aig a bheil dualchas cultarach no nàdarraich a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta, aig a bheil Luach Barraichte agus Uile-choitcheann a thathar a' creidsinn a tha dol thairis air crìochan nàiseanta agus a tha cudromach do ghinealach a tha ri teachd.



Àrainneachd Eachdraidheil Alba - Carthannas Albannach Àireamh

'S e fìor urram a th'ann faighinn air Liosta Làraichean Dhualchas na Cruinne. Tha e a' taisbeanadh aithne eadar-nàiseanta air cudromachd làraich. Feumaidh dùthchannan anns a bheil Làraichean Dhualchas na Cruinne an riaghladh air dhòigh 's gum mair an Luach Barraichte agus Uile-choitcheann dhan àm ri teachd. Air a chur an cìo le Àrainneachd Eachdraidheil Alba. Iomhaighean © Còraichean a' Chrùin HES